

Litir do Luchd-Ionnsachaidh le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at roddy.maclean@bbc.co.uk **

*Tha an eilid anns an fhrìth
Mar bu chòir dhi bhith
Far am faigh i millteach
Glan, feòirneanach.*

A bheil fhios agaibh cò sgrìobh na faclan sin? Tha iad mu dheidhinn nàdair agus beanntan na h-Alba, agus bha iad air an sgrìobhadh le fear de na bàird as ainmeile a bh' againn – Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir. Seo iad a-rithist. 'S dòcha gum bi fios agaibh gu bheil *eilid* a' ciallachadh “fiadh boireann”. Agus millteach – uill, 's e sin seòrsa feòir a bhios a' fàs air na beanntan.

*Tha an eilid anns an fhrìth
Mar bu chòir dhi bhith
Far am faigh i millteach
Glan, feòirneanach.*

Leugh mi na faclan sin an t-seachdain-sa ann an leabhar ùr mu dheidhinn tè de bheanntan na h-Alba. Chan i Bèinn Dòrain ann an Earra-Ghaidheal, a bha Donnchadh Bàn a' moladh na bhàrdachd, ach tè fada gu tuath air a sin, tè de bheanntan Thoirbheartain ann an taobh siar Rois – Beinn Eighe. Ged is ann ann am Beurla a tha an leabhar, le Laughton MacIain agus Dick Balharry, tha criomag de bhàrdachd Ghàidhlig ann an siud 's an seo agus is math sin.

Ach tha beagan dragh orm gur dòcha nach tuig an luchd-leughaidh gu lèir dè dìreach a tha an t-eadar-theangachadh a' ciallachadh, oir seo mar a chaidh a chur ann am Beurla:

The hind is in the forest, as she ought to be, where she may have sweet grass, clean, fine-bladed. Tha a h-uile càil sin ceart gu leòr ach, 's dòcha aon rud. 'S e sin gu bheilear ag eadar-theangachadh an fhacail “frìth” mar “forest”.

Tuigidh mi carson, oir 's e sin an t-eadar-theangachadh as trice a nochdas airson frìth, ach le “deer” ann roimhe – *deer forest*. Tha pàirt dhen leabhar, ge-tà, mu dheidhinn na coille aig bonn Beinn Eighe ris an canar Coille na Glas Leitir agus tha amharas agam gum bi cuid, a leughas an leabhar agus nach eil fiosraichte mu dheidhinn na Gaidhealtachd, dhen bheachd gu robh Donnchadh Bàn a-mach air àite anns an robh craobhan. Seo na chanas faclair Chox, “Brìgh nam Facal”, airson “frìth”: *àite air a' mhòintich no air na beanntan far am bi fèidh a' fuireach agus a' biathadh*. Chan eil guth aige air craobhan. Chan eil “forest” anns an t-suidheachadh seo ann am Beurla a' ciallachadh àite le craobhan, ach tha amharas agam gum bi mòran ann aig nach eil fios air a sin.

Co-dhiù, tha an leabhar fhèin glè inntinneach. Tha e mu dheidhinn mar a chaidh a' chiad thèarmann nàdair nàiseanta ann am Breatainn a stèidheachadh air Beinn Eighe o chionn leth-cheud bliadhna. Ged is e beinn is mòinteach a tha anns a' mhòr-chuid dhen tèarmann, 's ann

gu h-àraidh airson coille a dhìon a chaidh a chomharrachadh. Bhathar dhen bheachd gu robh Coille na Glas Leitir, coille-ghiuthais nàdarrach de sheòrsa a tha gu math gann an-diugh, cho prìseil 's gu robh feum ann a sàbhaladh agus a dìon an aghaidh, am measg eile, èildean dhen t-seòrsa air an robh Donnchadh Bàn a-mach na chuid bhàrdachd.

An-diugh, tha a' choille a' sgaoileadh mean air mhean, agus 's e deagh rud a tha sin. Tha i a' cur ri bòidhchead na sgìre. Gu h-oifigeil, 's e *Tèarmann Nàdair Nàiseanta Beinn Eighe* a th' air an àite an-diugh. Ach gu h-eachdraidheil, agus don fheadhainn aig a bheil Gàidhlig a tha a' fuireach anns an sgìre timcheall baile beag Cheann Loch Iù, 's e a bh' ann, agus a th' ann – *Frith Cheann Loch Iù*. Àite math airson èildean a bhios ag ithe millteach nam beann – fhad 's nach eil cus dhiubh ann.

* * *

Faclan na seachdainne: eilid, èildean: *hind, hinds*; Toirbheartan: *Torridon*; Laughton MacIain: *Laughton Johnston*; tèarmann nàdair: *nature reserve*; coille-ghiuthais: (*Caledonian pine wood*).

Abairtean na seachdainne: bha iad air an sgrìobhadh le fear de na bàird as ainmeile a bh' againn: *they were written by one of our most famous poets*; ann an leabhar mu dheidhinn tè de bheanntan na h-Alba: *in a book about one of Scotland's mountains*; chan i X a bha Y a' moladh na bhàrdachd: *it isn't X that Y was praising in his poetry*; gur dòcha nach tuig an luchd-leughaidh gu lèir dè dìreach a tha an t-eadar-theangachadh a' ciallachadh: *that perhaps the readers will not entirely understand what the translation means*; nach eil fiosraichte mu dheidhinn na Gaidhealtachd: *that are not informed about the Gaidhealtachd*; chan eil guth aige air craobhan: *there is not a word (ie he says nothing) about trees*; 's ann gu h-àraidh airson coille a dhìon a chaidh a chomharrachadh: *it is particularly in order to protect the woodland that it was designated*; 's gu robh feum ann a sàbhaladh agus a dìon: *that there was a need to save and protect it (fem.)*; èildean dhen t-seòrsa air an robh X a-mach: *hinds of the type that X told about*; 's e deagh rud a tha sin: *that's a good thing*; tha i a' cur ri bòidhchead na sgìre: *it (fem.) adds to the beauty of the area*; anns an sgìre timcheall baile beag Cheann Loch Iù: *in the area around the small village of Kinlochewe*; fhad 's nach eil cus dhiubh ann: *as long as there's not too many of them*.

Puing-ghràmar na seachdainne: Tha a' choille a' sgaoileadh mean air mhean: *the wood (forest) is spreading gradually*. Mean is an adjective meaning "very small". In old phrases of this nature where the adjective is repeated, the second time following air, it is lenited the second time. This is a classic example: mean air mhean – lit. "little on little" or as might be said in English "little by little". A similar phrase with the same meaning is beag air bheag. Thog iad an caisteal, beag air bheag (*they built the castle little by little*). Yet another, using the noun uidh ("step", "degree") is uidh air n-uidh (*gradually, by degrees*). Outside the expression above, mean is little met with in modern Gaelic. The more usual forms are meanbh and mion. Meanbh normally appears as a prefix to a noun and denotes a diminutive eg meanbh-chuileag (*midge, lit. small fly*), meanbh-bhiastag (*small insect or similar animal*). Mion has a similar effect on nouns and other adjectives eg mion-chànan (*minority language*), mion-eòlach (*exceptionally knowledgeable*).

Gnàths-cainnt na seachdainne: Tha criomag de bhàrdachd Ghàidhlig ann an siud 's an seo: *there is a fragment of Gaelic poetry here and there*. An siud 's an seo : *here and there (lit. yonder and here)*.

* "*Litir do Luchd-Ionnsachaidh*" is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig